

Buineann/

Neach /

Name

Tìotal a' Phròiseict /

Project Title

Fiosrachadh mun Phròiseact

Project Information

Maoin /

Award

The Dick Institute	Gailearaidhean Gàidhlig	Cuiridh Institiud Dick Gailearaidhean Gàidhlig air dòigh; an dàrna sreath de bhùithtean-obrach air a lìbhrigeadh ann an Gàidhlig anns na gailearaidhean, a tha ag amas air cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh agus sgilean Gàidhlig a leasachadh tro ealain agus cultar.	The Dick Institute's Gailearaidhean Gàidhlig will see a second series of workshops facilitated in Gaelic in the galleries, aimed at promoting the use of Gaelic and the development of Gaelic language skills utilising visual arts and culture.	£6,000
National Theatre of Scotland	Una and Coll are not Friends	Thèid "Una and Coll Are Not Friends" a sgrìobhadh airson luchd-amhairc a tha 12 bliadhna a dh'aois. Obraichidh NTS leis a' chompanaidh dràma Ghàidhlig, Theatre Gu Leòr, gus an dealbh-chluich a leasachadh le sùil air co-riochdachadh san àm ri teachd.	"Una and Coll Are Not Friends" will be written for 12 year-olds. NTS will work with Gaelic theatre company Theatre Gu Leòr, to develop the play with a view to future co-production.	£13,500
Eilean Dorcha Festival	Còmhlan Òigridh EDF agus Leugh agus Seinn le Linda	Obraichaidh EDF còmhla ri Fèis Tìr a' Mhurain gus cothrom a thoirt do bhuidheann de luchd-ciùil òga a chluich air an àrd-ùrlar aig fèis na bliadhna seo. Thèid an teagasg a chumail sa Ghàidhlig. Thèid Seinn le Linda air adhart cuideachd le òrain eadar-ghnìomhach, leughadh agus geamannan sa Ghàidhlig airson clann fo aois 5.	EDF will work with Fèis Tìr a' Mhurain towards a group of young musicians performing on stage at this year's festival. The Tuition will be conducted in Gaelic. Seinn le Linda - interactive songs, reading and games in Gaelic for under 5s.	£6,000
Hector Macinnes	A' Chrannag	Bidh A' Chrannag na podcast de fhicsean goirid ann an Gàidhlig, air a chluich / air a leughadh le cleasaichean proifeasanta agus le taic bho sgrìobhaichean is fuaim. Thèid maoinachadh a chleachdadh airson pìleat de 8 prògraman.	A' Chrannag will be a podcast of short fiction in Gaelic, performed/read by professional actors and supported by a score and sound design. Funding is for a pilot of 8 episodes.	£7,000

Comhairle nan Leabhraichean	Lìonra Seanchais Gàidhlig	Thathar ag iarraidh maoinachadh gus Lìonra Sgeulachdan Gàidhlig a stèidheachadh. Bidh sinn a' toirt cuireadh do 8 sgeulaichean, a' gabhail a-steach dithis dhaoine òga a bha air leth soirbheachail ann an sgeulachdan aig a' Mhòd Nàiseanta, a dhol gu co-labhairt far am bi iad a' taisbeanadh an sgilean sgeulachdan. Bidh iad an uair sin a' frithealadh diofar thachartasan air feadh na dùthcha ag innse sgeulachdan. Bidh goireasan air an dèanamh gus òigridh a bhrosnachadh gus sgilean mar seo a thogail.	Funding requested to establish a Gaelic Storytelling Network. We will be inviting 8 storytellers, including 2 young people who excelled in storytelling at the National Mod, to attend a seminar where they will present their storytelling skills. They will then attend various events throughout the country telling stories. Resources will be produced to encourage youngsters to acquire similar skills.	£7,900
Imagineate	Fàs	Tha Fàs, air a stiùireadh le Imagineate ann an com-pàirteachas le Bun-sgoil Taobh na Pàirce, na phròiseact airson Gaelic Artist in Residence (GAIR) a tha a' toirt taic do bhith a' leasachadh obair ùr Gàidhlig airson luchd-amhairc òga. Bidh an GAIR na neach-labhairt fileanta sa Ghàidhlig agus mar phàirt den dreuchd bidh prògram sònraichte de leasachadh proifeasanta ann agus cothroman air trèanadh a stiùireadh le tidsearan agus luchd-ealain.	Fàs, led by Imagineate in partnership with Bun-sgoil Taobh na Pàirce, is a Gaelic Artist in Residence (GAIR) project supporting the development of a new Gaelic work-in-progress for young audiences. The GAIR will be a fluent Gaelic speaker and the post comes with a bespoke programme of professional development and opportunities to lead training with teachers and artists.	£10,000
Moniack Mhor Writers' Centre	Coinar / Banntachd	Coinar - 2 chùrsa còmhnaidh airson luchd-ealain le Gàidhlig aig ìre àrd-dreuchd. Crìochnaichidh seo le taisbeanadh a bhios co-obrachail agus targhnèitheach. BANNTACHD - a' feuchainn ri buidhnean coimhearsnachd ionadail de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a cheangal agus a' brosnachadh cruthachalachd tro bhùithtean-obrach air an stiùireadh le sgrìobhadairean stèidhichte, proifeasanta ag obair ann an raon de ghnèithean.	Coinar - 2 residential courses for mid-career Gaelic speaking artists. This will culminate in a collaborative, cross-genre performance. BANNTACHD - seeks to connect and engage existing local community groups of Gaelic learners by fostering creativity through workshops tutored by established, professional writers working in a range of genres.	£10,000

Theatre Gu Leòr	Buaires anns an Uisge /Trouble in the Water	A' rannsachadh, a' cruthachadh agus a' sgrìobhadh na deilbh-chluich. Is e an t-amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh mar cho-obraiche stiùiridh ann an co-theacsa theatar proifeasanta.	Researching, developing and writing the play. The aim is to grow the use of Gaelic as a lead collaborator in a professional theatre context.	£14,500
Eden Court Theatre	TÒG: An Lab	Gus taic a thoirt do leasachadh dràma òigridh taobh a-staigh 4 ionadan, a' tighinn gu crìch le taisbeanadh mòr de Dhràma Òigridh.	To support the geographical development of youth drama within 4 centres culminating in an immersive showcase celebration of Youth Theatre Arts.	£10,000
Sgioba Dràma Uibhist	Coimisean airson dealbh-chluich airson an àrd-ùrlair agus cuairt	Gus sgrìobhadair Gàidhlig a bharantachadh airson sgrìobt a sgrìobhadh airson dealbh-chluich a shealladh Sgioba Dràma Uibhist aig a' Mhòd Nàiseanta.	To commission a Gaelic writer to write a script for a play that Sgioba Dràma Uibhist could perform at the National Mod.	£2,000
Fèisean nan Gàidheal	Dràma air Chuairt	Gus "Dràma air Chuairt" a stèidheachadh. Stèidhichte air a' mhodail aig "Cèilidh air Chuairt" ach le cleasaichean. Bidh cothrom aig ceathrar dhaoine òga, eadar 18-25, an sgilean cleasachd adhartachadh thairis air cola-deug de bhùithtean-obrach. Bidh iad an uair sin a' dol air chuairt le bhith a' dèanamh dràma ùr ann an coimhearsnachdan agus sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd, Earra-Ghàidheal agus nan Eilean an Iar.	To establish Drama on Tour. Based on the model of Ceilidh on Tour but with actors. Four young people, between 18-25 will have the opportunity to develop their acting skills with a fortnight of workshops. They will then tour performing a new drama in communities and schools throughout the Highlands, Argyll and the Western Isles.	£12,000
Àros	Ealain Ghàidhlig ann am bun-sgoiltean	Taic airson sreath de thachartasan Gàidhlig gus ealain a leasachadh do dh'òigridh ann am bun-sgoiltean san Eilean Sgitheanach. Ann an co-bhonn le Comhairle na Gàidhealtachd agus Comunn na Gàidhlig chaidh plana a dhealbhadh a leasaicheas cànan agus sgilean ealain na h-òigridh agus bheir e obair do luchd-ealain.	Support for a series of Gaelic events to develop arts for youngsters in primary schools in Skye. In collaboration with the Highland Council and Comunn na Gàidhlig a plan has been developed that will develop the language and art skills of the youngsters and will provide employment for artists.	£6,000

Fèis Spè	Gaelic Usage and Promotion for Young Musicians	Seachdain trèanaidh san Iuchar airson Cèilidh Trail a' Mhonaidh Ruaidh agus Còmhlan Cèilidh Fèis Spè. Bidh neach-teagaisg a' libhrigeadh trèanadh ann an cànan is òrain Ghàidhlig dha na com-pàirtichean.	Training week in July for Cairngorms Ceilidh Trail and Fèis Spè Ceilidh Band. A Tutor will deliver training in Gaelic language and song for the participants.	£800
Ceòlas	Às an Tobar	Às deidh cho soirbheachail 's a bha an-uiridh, thèid an fhèis leabhraichean a chumail a-rithist am-bliadhna leis a' phrìomh amas sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh a leasachadh sa Ghàidhlig.	Following the success of last year the book festival will run again this year with its prime aim being to develop and improve reading and writing skills in Gaelic.	£1,000
				£106,700